

Fàilte chun na Coimhearsnachd Cheiltich !

'S e pròiseact rannsachaidh gnìomha bho Coimisean Dùthchail Charnegie a th' ann an 'Celtic Neighbours'. Tha i air a stiùireadh le Ealain Saor-thoileach na Cuimrigh agus a' gabhail a-steach Pròiseact nan Ealan, Theatr Felinfach agus Údarás na Gaeltachta mar phrìomh chom-pàirtichean. Tha sinn ag amas air brosnachadh is taic a thoirt do cho-obrachaidhean agus roinn-sgilean am measg bhuidhnean a tha trang a' leasachadh beatha chultarach ar coimhearsnachdan is ar cànanan.

Cymdogion Celtaidd Comharsain Ceilteacha Coimhearsnahan Ceilteach



Tha sinn air leth toilichte gun ghlac sinn ur n-ùidh. Thigibh a-steach, agus gheibh sibh cothrom air mìosachan de thachartasan, lorgaidh sibh barrachd mu eachdraidh is amasan na pròiseict seo, coinnichidh sibh ri na daoine a tha an-dràsta a' stiùireadh mòran de na tachartasan, agus faodaidh sibh pàirt a ghabhail nar còmhraidhean is nar deasbadan. Tha sinn a' cur fàilte air ur beachdan is ur molaidhean is bheir iad soirbheachadh thugainn.

Cuimhnichibh an-còmhnaidh- “Dithis Cheilteach-trì beachdan”!